



Comhairle **Ealain** na h-Alba

Poileasaidh  
nan Ealain Gàidhlig

GÀIDHLIG

## Clàr-innse

Ro-ràdh an Stiùiriche	1
Bun-fhiosrachadh	2
A' Ghàidhlig agus na h-ealain an Alba	3
Eachdraidh taic Chomhairle Ealain na h-Alba	8
Aithris poileasaidh	12
Gnìomhan poileasaidh	13
Iomraidhean	14
Beag-fhaclair	15
Pàipear-taice 1	16
Pàipear-taice 2	17

© 2003 Comhairle Ealain na h-Alba

Chan fhaodar lethbhreac a dhèanamh de phàirt sam bith den leabhar seo ann an cruth sam bith gun chead sgrìobhte ro-làimh bho Chomhairle Ealain na h-Alba.

## Cothroman Co-ionann

Tha poileasaidh co-ionannachd cothroman aig Comhairle Ealain na h-Alba. Tha slighe do chiorramaich sna h-oifisean againn. Dh'fhaodadh cuid de leabhraichean a bhith air an dèanamh ann an Gàidhlig, mion-chànanan nàiseanta, ann an cruth sgrìobhadh mòr, Braille no claidhinneach.

### Comhairle Ealain na h-Alba

12 Manor Place, Dùn Èideann EH3 7DD

Fòn 0131 226 6051

Facsimile 0131 225 9833

Deasga Taic 0845 603 6000 (ìre pàighidh ionadail)

Post-dealain [help.desk@scottisharts.org.uk](mailto:help.desk@scottisharts.org.uk)

Làrach-lìn [www.scottisharts.org.uk](http://www.scottisharts.org.uk)

ISBN: 1 85119 132 1  
Samhain 2003



INVESTOR IN PEOPLE

## Ro-ràdh an Stiùiriche

**‘Cha ghabh na h-ealain Ghàidhlig mìneachadh an suidheachadh na Gàidhealtachd fhèin; tha àite aca cuideachd ann an riochd cudthromach an suidheachadh nàiseanta agus eadar-nàiseanta’**

Bhon aithisg *Cothrom Ùr don Ghàidhlig* le Buidheann Comhairleachaidh an Riaghaltais air Gàidhlig, Cèitean 2002

Tha a’ chiad Phoileasaidh Ealain Gàidhlig aig Comhairle Ealain na h-Alba air aonta na Comhairle fhaighinn a thaobh an leasachaidh chudthromaich ann an obair nan ealain Gàidhlig thairis air na 15 bliadhna a dh’fhalbh, ach aig àm riatanach airson ion-obrachadh a’ chànain. Bha cuspair coitcheann a’ tighinn am bàrr rè nan còmhraidhean mu na chuireadh sa phoileasaidh: an ceangal ro-chudthromach agus bunaiteach a tha aig cànan agus na h-ealain ri cultar agus dearbh-aithne nàiseanta. Tha am poileasaidh agus an obair a tha san amharc a’ toirt aithne, luach agus àite don cheangal seo.

Ann an suidheachadh nas fharsainghe tha am poileasaidh seo na phàirt den ùidh againn ann an Alba le cultar beothail agus measgaichte, agus tha e a’ togail air frèam Ro-innleachd Chultarach Riaghaltais na h-Alba, a chaidh fhoillseachadh ann an 2000, agus a shuidhich amasan airson nan ealain an Alba a tha sinn a’ cur romhainn a thoirt air adhart:

- adhartachadh tàlant, na h-ealain agus obair chultarach eile;
- comharrachadh dualchas cultarach na h-Alba agus a làn iomadachd;
- coileanadh comas cultair air foghlam a leudachadh, com-pàirteachadh adhartachadh agus gnè beatha a leasachadh;
- daingneachadh frèam taice èifeachdach nàiseanta airson cultair.

Tha ar n-obair gu lèir ag amas air sàr-chomas ealanta stèidhichte ann an sòisealtas Albannach measgaichte agus com-pàirteach, so-ruigsinn do shluagh na h-Alba gu lèir, agus le urram air feadh an t-saoghail. Tha a’ chiad Phoileasaidh Ealain Gàidhlig a-riamh aig Comhairle Ealain na h-Alba a’ comharrachadh nan amas sin agus taic chudthromach na Gàidhlig san t-suidheachadh seo.



Graham Berry  
Stiùiriche  
Comhairle Ealain na h-Alba

## Bun-fhiosrachadh

Thàinig fiosrachadh airson a' phoileasaidh seo tro cho-chomhairle agus beachdachadh le riochdairean bhon roinn ealain Ghàidhlig agus oifigearan Chomhairle Ealain na h-Alba. Mar phàirt den chùrsa co-chomhairleachaidh bha coinneamh air 16 Faoilleach 2003 aig Comhairle Ealain na h-Alba le 26 com-pàirtichean a' gabhail a-staigh chleasaichean agus bhuidhnean ealain Gàidhlig (Pàipear-taice 1).

Tha dà aithisg chudthromach, aon bho Chomhairle Ealain na h-Alba, aon bho Riaghaltas na h-Alba, ag innse bun-fhiosrachadh a' phoileasaidh seo.

San Iuchar 1986 dh'fhoillsich Comhairle Ealain na h-Alba aithisg, *Na h-Ealain Ghàidhlig: An t-Slighe Air Adhart*, anns an robh aon mholadh cudthromach: Oifigear Ealain Gàidhlig a bhith air fhastadh airson buidheann leasachaidh ealain neo-eisimeileach a stiùireadh le raon-ùghdarras nàiseanta. Chaidh Pròiseact nan Ealan a thòiseachadh ann an 1987 a' co-obrachadh le Bòrd Leasachaidh na Gàidhealtachd is nan Eilean (a-nis Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean) agus stèidhichte sna h-Eileanan Siar. Thug a' chiad cheum cudthromach seo misneachd agus bunait fiosrachaidh a tha air leantainn gu leasachadh agus leudachadh san roinn ealain Ghàidhlig. Air iomadh dòigh tha a' chùrsa seo aig ìre chudthromach le *Leabhar Mòr na Gàidhlig* a chuir Pròiseact nan Ealan (PnE) air bhog san t-Samhain 2002. Ghabh am pròiseact a-staigh 100 cleasaiche a' co-obrachadh, le sgioba de ealain-sgrìobhadairean, air 1,400 bliadhna de bhàrdachd ann an Gàidhlig na h-Alba agus na h-Èireann. Tha farsaingeachd agus càileachd na h-obair-ealain seo, agus an ùidh san obair an seo agus thall thairis, air iomadh dòigh na samhla air na tha cànan, dualchas agus ceanglaichean eadar-nàiseanta na Gàidhlig a' cur ri Alba ar latha.

Sa Chèitean 2002 chuir Riaghaltas na h-Alba air bhog aithisg na Buidhne Chomhairleachaidh air Gàidhlig. B' e am prìomh mholadh buidheann leasachaidh Gàidhlig a chur air chois, agus bha a' chiad choinneamh aig Bòrd na Gàidhlig (Alba) air 17 Faoilleach 2003. Tha clàr-obrach na buidhne a' gabhail a-staigh planadh cànan ann an trì roinnean obrach: Leasachadh Eaconamach agus Sòisealta;

Foghlam agus Ionnsachadh; agus na h-Ealain, Cultar agus Dualchas. Tha an aithne seo air àite nan ealain agus cultair an co-cheangal ri leasachadh a' chànain aig cridhe a' phoileasaidh againn.

Tha am poileasaidh seo cuideachd a' toirt aire do iomadh rannsachadh, a' gabhail a-staigh aithisg co-labhairt Ealain 21 don Ath-bhreithneachadh Ministreil, Cùmhnant Mhion-chànan an Aonaidh Eòrpaich ris an do sgrìobh riaghaltas na RA an ainm o chionn ghoirid, agus do shuidheachadh a tha ag atharrachadh gu luath. Gu sònraichte, le Pàrlamaid ùghdarraichte, tha Ro-innleachd Chultarach Nàiseanta aig Alba anns a bheil prìomh-amas a bhith 'ag adhartachadh cànanan na h-Alba mar mhodhan-labhairt cultarach agus mar dhoras gu cultar na h-Alba'. 'S e puing fiosrachaidh chudthromach a tha an seo, ach tha e a cheart cho cudthromach luach a chur air na h-ealain Ghàidhlig air an son fhèin mar phàirt ro-chudthromach de ealain agus cultar gnàthach na h-Alba gach cuid taobh a-staigh agus taobh a-muigh na rìoghachd. Tha na h-ealain a' fiosrachadh agus a' neartachadh, ach chan e dìon cànan a' phrìomh dhleastanas a tha aca.

Chaidh Buidheann Leasachaidh Ro-innleachdach nan Ealain Gàidhlig (GASD) a chur ri chèile le PnE ann an 2001 gus guth coitcheann a thoirt don choimhearsnachd ealain rè Ath-bhreithneachadh Gàidhlig an Riaghaltais. Thuirt na buidhnean a tha nam buill dheth, mòran dhiubh le prìomh mhaoineachadh bho Chomhairle Ealain na h-Alba, gu robh iad airson a bhith air am faicinn mar luchd-dèilige ealain gnàthach, a dh'aindeoin an ùidh choitcheann ann am pàirt nan ealain ann an taic agus cumail suas a' chànain. San t-seagh seo cha bu chòir do bhuidhnean cànan fa leth, agus an obair gu lèir, a bhith 'dùthchasach' ach air am faicinn mar phàirt cudthromach de bheatha na rìoghachd.

Tha an aithris poileasaidh seo a' toirt gearr-bhreithneachadh den leasachadh air obair nan ealain Gàidhlig o chionn ghoirid, a' sealltainn mar a tha an obair seo a' co-fhreagairt amasan Chomhairle Ealain na h-Alba, a' coimhead ri dè tha sinn a' ciallachadh le na h-ealain Ghàidhlig, agus a' crìochnachadh le beagan mholaidhean sònraichte airson gnìomhan poileasaidh ri teachd.

# A' Ghàidhlig agus na h-ealain an Alba

## Mìneachaidhean ealain

B' e aon roinn anns an robh beagan deasbaid am measg oifigearan Chomhairle Ealain na h-Alba mìneachadh dè na tha air a ghabhail a-staigh sa bhriathar 'na h-ealain Ghàidhlig'. Dh'fhaodadh nach eil ann ach daoine a tha a' toirt seachad seirbheis ghnàthach, mar neach-ciùil, sgrìobhadair, cleasaiche lèirsinneach, leis an eachdraidh Ghàidhlig a' fiosrachadh na h-obrach aca.

A thaobh bhuidhnean ealain, dh'fhaodadh an t-aon nì sin a bhith fìor san fharsaingeachd, ach le barrachd àite ga thoirt do chudthrom ro-innleachdail na buidhne sin gu nàiseanta. B' e seo am beachd a bha agus a tha fhathast aig Buidheann GASD.

B' e am mìneachadh den bhriathar 'na h-ealain Ghàidhlig' a chaidh aontachadh rè a' chùrsa co-chomhairleachaidh: obair ealain gu h-iomlan fiosraichte le cultar na Gàidhlig agus/no air a taisbeanadh tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha e soilleir gun urrainn do na h-ealain cuideachadh le cumail beò agus fàs a' chànain còmhla ri iomadh buannachd eile a thairgse mar a chaidh a chomharrachadh ann an Aithisg Sproull 1998 mun iarrtas airson stuthan agus seirbheisean ealanta agus culturach sa Ghàidhlig:

'Tha dara leth nan daoine a fhreagair an sgrùdadh ag ràdh gu bheil na h-ealain agus obair chultarach Ghàidhlig air leudachadh no fìor leudachadh a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd ionadail aca agus taobh a-staigh an teaghlaichean fhèin.

'Tha coltas gu bheil na h-ealain agus obair chultarach Gàidhlig a' dèanamh leudachadh mòr air mòran de na prìomh amasan a shuidhich buidhnean poblach le dleastanas airson leasachadh eaconamach, sòisealta agus cànanach san sgìre. Tha iad sin a' gabhail a-staigh cruthachadh cosnaidh agus toraidh dìreach agus neo-dhìreach, misneachadh turasachd, cruthachadh chothroman gnìomhachais, àrdachadh fèin-mhisneachd agus ceangal sluaigh an àite ri sgìre a bha a-riamh air a plàigheadh aig às-imrich.'

Feumar a ràdh, a dh'aindeoin sin, gu bheil prìomh obair Chomhairle Ealain na h-Alba gu soilleir an co-cheangal ri na h-ealain, agus 's e na trì prìomh amasan aca a thaobh seo a bhith:

- a' cur urram air cleasaichean agus sàr-obair ealanta;
- a' leasachadh gnè beatha nan uile tro na h-ealain;
- a' toirt stiùireadh a thaobh nan ealain an Alba.

Tha e soilleir gun tug obair na coimhearsnachd ealain Ghàidhlig buaidh air na h-amasan sin gu lèir. Airson eisimpleirean buntainneach faic Pàipear-taice 2. Tha sàr-obair ealanta an *Leabhair Mhòir*, buaidh Ceòlas – an sgoil shamhraidh ciùil is dannsa Gàidhlig – air a' choimhearsnachd ionadail agus na ceanglaichean eadar-nàiseanta tro Iomairt Cholm Cille nan eisimpleirean buntainneach. Faodar taic nan ealain Gàidhlig do chlàr-gnothaich Comhairle Ealain na h-Alba a chur fo chòig prìomh (ach neo-iomlan) chinn-chuspair: leasachadh ealain, meudachadh luchd-cleachdaidh, leasachadh coimhearsnachd, foghlam agus eaconamaidh chultarach.

## Leasachadh ealain

Tha faireachdainn làidir sa choimhearsnachd Ghàidhlig, air sgàth ìomhaigh ceist na Gàidhlig, gu bheil barrachd air a shùileachadh bho obair chleasaichean Gàidhlig, agus tha seo air a bhith na spionnadh airson sàr-obair. Tha buaidh beathalachd agus càileachd obair chleasaichean Gàidhlig fa leth air a dhol fada seachad air a' choimhearsnachd Ghàidhlig. Tha iomadh eisimpleir a dh'fhaodadh a bhith na dhearbhadh air.

Bha *An Leabhar Mòr*, mar a chaidh ainmeachadh san ro-ràdh, fìor shoibheachail a rèir sgrùdairean bho chaidh a chur air bhog aig Glasgow Gallery of Modern Art san t-Samhain 2002. B' e an cunntas a thug an *Independent* mun phròiseact 'drochaid mhìorbhaileach eadar dualchas agus an nuadh-aimsir'. Thuirt an *Times* gur e 'sàr-obair-ealain nuadh-aimsireil' a bha san leabhar agus tha iomadh mìle lethbhreac den leabhar cho-cheangailte bho Canongate air an reic cheana.

Fhuair an t-sreath telebhisein Gàidhlig *Tacsi* Duais BAFTA an Alba airson Best Arts and Music Programme agus tha soirbheachadh na sreath telebhisein BBC *Gruth is Uachdar* aig prìomh àm-amhairc air comharran-càileachd ùra a shuidheachadh airson dràma Gàidhlig. B' e cho cudthromach 's a tha craoladh chan ann a-mhàin don chànan, ach do leasachadh nan ealain Gàidhlig, aon de na prìomh nithean a chaidh a shònrachadh air latha na co-chomhairle.

Air leth cudthromach do na h-ealain Ghàidhlig, agus cultar na h-Alba gu h-iomlan, tha beairteas dualchas litreachais na Gàidhlig, gach cuid labhairteach agus sgrìobhte. 'S e Comhairle nan Leabhraichean fhathast a' phrìomh bhuidheann nàiseanta airson taic agus leasachadh do litreachas agus foillseachadh na Gàidhlig.

Bha e na phrìomh-amas iris ùr a chur an àite *Gairm*, a stad ann an 2002 an dèidh còig deicheadan, agus togail air an dìleab mhòr chultarach a dh'fhàg i againn. Nochd *Gath* airson a' chiad turais ann an samhradh 2003.

Tha luchd-ciùil Gàidhlig leithid Capercaillie, Martyn Bennett, Clìar, Iseabail NicAsgaill, Ailean Dòmhnallach agus Alyth NicCarraig a' toirt an dualchais gu taobhan ùra eadar-dhealaichte agus gu tric air àrd-ùrlar eadar-nàiseanta. Tha iad cuideachd a' cur taic ri fèisean Albannach leithid Celtic Connections.

Tha cleasaichean Gàidhlig a' sìor cho-obrachadh le daoine eile leithid nva Aonghais MhicFhearchair, an Scottish Ensemble agus an Traverse Theatre a' cruthachadh obair ùr a tha a' cleachdadh cultar co-aimsireil Gàidhlig còmhla ris an dualchas aice.

## Meudachadh luchd-cleachdaidh

Tha cunntas san aithisg *Cothrom Ùr don Ghàidhlig* 2002 le Buidheann Comhairleachaidh an Riaghaltais air Gàidhlig, ‘gum feum poileasaidh a bhith a’ co-fhreagairt feuman agus mòr-mhiannan na coimhearsnachd Ghàidhlig anns gach àite sam bi e’. Ged a tha sin iomchaidh ann an sgrìobhainn a tha gu sònraichte mun chànan agus mun choimhearsnachd dom buin e, tha e cuideachd cudthromach aithneachadh gu bheil ùidh nas fharsainghe, am measg dhaoine gun Ghàidhlig aig an taigh agus air falbh, sna h-ealain Ghàidhlig. Tha an t-sreath phrògraman ealain Gàidhlig a chuir PnE air an àrd-ùrlar ann an 1997 aig Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann na comharra air a’ chomas seo, mar a tha soirbheachadh Celtic Connections Ghlaschu.

Le leasachadh ùr sna h-ealain Ghàidhlig thàinig iomadh buidheann ealain shoirbheachail, ach air leth bho chèile, gu bith. B’ ann gus freagairt air an fheum air beachd agus guth coitcheann bhon roinn ealain Ghàidhlig a chaidh Buidheann GASD a chruthachadh ann an 2001. Dh’fhaodadh gun tòisichadh a’ bhuidheann seo, le com-pàirtichean, a’ beachdachadh mu dhòigh-obrachaidh co-òrdanaichte a dhealbh agus a bhuileachadh airson margaidheachd agus meudachadh luchd-cleachdaidh le ‘blas’ Gàidhlig. Chan e a-mhàin gun toireadh seo barrachd cothruim agus ion-obrachaidh air obair ealain Gàidhlig, ach tha an comas aige a bhith a’ gineadh taic phoileataigeach a’ mhòr-shluaigh airson inbhe thèarainte don chànan am measg dhaoine gun Ghàidhlig.

## Leasachadh coimhearsnachd

Tha obair Fèisean nan Gàidheal air a dhol o neart gu neart, agus tha a-nis 37 fèisean air feadh na rìoghachd, agus mòran leasachaidh roinneil agus nàiseanta co-cheangailte riutha. Dhaingnich sgrùdadh cumhachdach den obair fèise *Northern Lights* (1996) le François Matarasso a’ bhuaidh shòisealta a tha aig deagh phrògraman ealain co-obrachail air òigridh. Bha trì prìomh chomharraidhean air an ainmeachadh:

- ‘àite-meadhain’ na coimhearsnachd anns gach fèis: tha iad air an cumail beò agus air an stiùireadh gu saor-thoileach, leis cho cudthromach ‘s a tha iad do na coimhearsnachdan sa bheil iad a’ dol air adhart;
- àite cudthromach na Gàidhlig: ‘s ann bho Ghàidhlig bheò a tha an cultar agus na tha e a’ ciallachadh a’ tighinn;
- tha càileachd na h-obrach fìor àrd: tha mòran den luchd-ciùil traidiseanta as fheàrr a’ com-pàirteachadh ann aig a h-uile ìre.’

Tha an aithisg cuideachd a’ measadh buaidh shòisealta nam fèisean, le 78% de chom-pàirtichean a’ toirt cunntas gu bheil barrachd fèin-mhisneachd aca, agus 80% ag ràdh gun do dh’ionnsaich iad sgilean ùra. Chan ann aig na fèisean a-mhàin a tha na buannachdan sin ach ann am mòran de dheagh phrògraman ealain com-pàirteach, ach tha iadsan cuideachd a’ cur ri ion-obrachadh a’ chànan.

Mar sin, chan e seo an t-aon eisimpleir de bhuaidh phrògraman ealain Gàidhlig a tha a’ cuideachadh a’ cumail suas agus a’ leasachadh choimhearsnachdan agus aig an aon àm a’ toirt cothrom air deagh obair ealain. A thuilleadh air buannachadh duais bhliadhnail VisitAlba Thistle Award for Excellence in Cultural Tourism 1999, chaidh sgoil shamhraidh Ceòlas an Uibhist a Deas a thaghadh mar aon de cheithir sgrùdaidhean airson Aithisg Àrd Aonad

Rannsachaidh Riaghaltas na h-Alba, *The Role of the Arts in Regeneration* (2000). Cho-dhùin an aithisg gu robh Ceòlas air cuideachadh le:

- ‘fàs ann am misneachd agus diofar roinnean de leasachadh pearsanta;
- toirt beachd nas fheàrr do mhuintir an àite agus daoine eile mun sgìre;
- ceanglaichean sòisealta agus saoranachd gnìomhach;
- tuigse do shluagh an àite air an dearbh-aithne chultarach aca fhèin agus am pàirt a dh’fhaodas a bhith aca san leasachadh aige;
- leasachadh gnè beatha dhaoine tro ealantas pearsanta agus coitcheann.’

Tha coltas gu bheil a’ bhuidhne dheimhinnte a tha a’ tighinn bhon iomairt Sgeulachdan Gàidhlig a tha PnE air a ghabhail os làimh a’ toirt buaidh a cheart cho math taobh a-staigh choimhearsnachdan agus thar ghinealach.

### Eaconamaidh chultarach

Ann an 1998 dh’fhoillsich an t-Ollamh Sproull bho Oilthigh Glasgow Caledonian sgrùdadh mòr stèidhichte air còrr is 2,000 teaghlach sna h-Eileanan Siar agus san Eilean Sgitheanach is Loch Aillse fon ainm *The Demand for Gaelic Artistic and Cultural Products and Services: Patterns and Impacts*. Cho-dhùin an sgrùdadh gu robh:

- 70% de luchd-gnìomhachais a’ faicinn buaidh ghnìomhan ealain agus cultair Gàidhlig air cothroman obrach mar math no fìor mhath;
- 69% de na fhreagair den bheachd gu bheil ath-bheothachadh cànan, ealain agus cultar na Gàidhlig deatamach do leasachadh sòisealta ri teachd san sgìre aca;
- 65% a’ cumail ris a’ bheachd gu bheil obair ealain agus cultair Gàidhlig a’ toirt buaidh mhath no fìor mhath air bòidhchead na sgìre do luchd-turais;

- 60% de na fhreagair den bheachd gu bheil ath-bheothachadh cànan, ealain agus cultar na Gàidhlig deatamach do leasachadh eaconamach ri teachd san sgìre aca;
- 50% den h-uile gnìomhachas a chaidh a sgrùdadh den bheachd gun do rinn obair ealain agus cultar na Gàidhlig leasachadh air cothroman gnìomhachais.

Tha eisimpleir sònraichte eile den taic a thug na h-ealain Ghàidhlig do eaconamaidh chultarach na h-Alba ri fhaighinn ann an rannsachadh a rinn Iomairt Chultarach na h-Alba (SCE) às leth PnE. Dh’fhoillsich seo gun robh ceòl Gàidhlig gu tric a’ reic nas fheàrr na seòrsachan eile de cheòl Albannach ged nach robh uiread de dh’airgead ga chur an seilbh le gnìomhachas clàraidh na h-Alba. Tha aithisg SCE a’ cur cudthrom air ceistean mu chomas malairt nach deach a chur gu feum, cunnartan seilbh inntleachdail airson dualchas ceòl clàrte na h-Alba, agus ceistean mu bheachdan an co-cheangal ri Gàidhlig.

Tha Comhairle Ealain na h-Alba air cuideachadh le dreuchd Oifigear Leasachaidh Cìùil a mhaoineachadh taobh a-staigh PnE a bheir air adhart prìomh mholaidhean bhon obair seo.

Tha buaidh eaconamach obair ealain Ghàidhlig a’ dol bho chudthrom an airgid a tha air a dhèanamh le cleasaichean fa leth ag obair air taobh a-staigh agus bhon choimhearsnachd ionadail gu buaidh nas motha a’ Chomuinn Ghàidhealaich, a tha a’ ruith a’ Mhòid Nàiseanta ann an àiteachan eadar-dhealaichte gach bliadhna.



### **Foghlam agus ionnsachadh fad-beatha**

Tha eisimpleir nam fèis mar-tha air sealltainn mar a tha iad a' toirt com-pàirt do dh'òigridh ann an obair ealain, ann an ionnsachadh mun chànan agus mun chultar aca, agus mòran eile. Tha an cuspair seo a' tighinn an-àird gu tric; ann a bhith a' coimhead ri comas agus buaidh nan ealain Gàidhlig tha ceanglaichean coitcheann ann am foghlam, foirmeil agus neo-foirmeil, agus tha coltas nach e a-mhàin gu bheil ceangal eadar na h-ealain, foghlam agus cànan a tha deimhinneach, ach cuideachd gur e ceangal a tha ann anns am faodadh am mòr-shluagh teagasg fhaighinn.

Tha com-pàirt mòr sgoiltean sna Mòdan ionadail agus nàiseanta na eisimpleir taobh a-staigh na roinn foghlaim foirmeil, agus tha prògraman theatar-ann-am-foghlam Tosg air a bhith nan eisimpleir eile far a bheil an cur a-steach ealanta air a bhith riatanach ann an teagasg cànan. Thuirt pàrantan sgoilearan an sàs ann am foghlam meadhan-Gàidhlig gu robh iad a' cur luach shònraichte air teagasg Gàidhlig mar dhòigh chudthromach air am faigh a' chlann aca toileachas às na h-ealain Ghàidhlig.

Tha Fèisean nan Gàidheal, le maoineachadh crannchuir bho Chomhairle Ealain na h-Alba, cuideachd air a bhith an sàs ann an ullachadh dheagh sheirbheisean theatar-ann am-foghlam do sgoiltean, Sradagan (buidhnean-òigridh Gàidhlig) agus fèisean, tro obair Meanbh-Chuileag (companaidh theatar do chloinn).

Tha an t-eadar-cheangal seo cuideachd ri fhaicinn sa chàirdeas eadar craoladh Gàidhlig mar bhuidheann taic agus maoineachaidh airson trèanadh agus foghlam sna h-ealain, agus mar dhòigh cosnaidh do chleasaichean a fhuair trèanadh. Tha àite a' Mhòid, nam fèisean, Tosg agus Lasair ann an tòiseachadh agus cumail suas ùidh na h-òigridh ann an suidheachaidhean neo-foirmeil, air adhart gu obair Sabhal Mòr Ostaig (a' Cholaiste Ghàidhlig), Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Ceum Ceòl Albannach RSAMD, a' toirt gu follais 'staidhre cothruim'.

## Eachdraidh taic Chomhairle Ealain na h-Alba

Tha clàr 1 a' sealltainn geàrr-chunntas den fhàs ann an taic do na h-ealain Ghàidhlig bho Chomhairle Ealain na h-Alba thar nan 10 bliadhna a dh'fhalbh, chan ann a-mhàin a' cur barrachd airgid an seilbh ach cuideachd a' dèanamh cinnteach inbhe maoineachaidh bunaiteach nam prìomh bhuidhnean. Tha na h-ionadan ealain a tha air an gabhail a-staigh rim faighinn ann an sgìrean far a bheil suas ri 80% den t-sluagh le Gàidhlig no aig am biodh Gàidhlig o chionn timcheall air ginealach air ais.

Tha am pàtran seo ann an Clàr 1 a' sealltainn meudachadh ann an airgead-seilbh sna h-ealain Ghàidhlig de 156%, agus tasgadh iomlan de £3.9 millean. Ged nach eil pàtran maoineachadh crannchuir cho seasmhach, agus a' nochdadh gum bu chòir beachdachadh mu dhòigh nas ro-innleachdaile, tha tasgadh iomlan mòr ann.

Tha Pàipear-taice 2 a' toirt cunntas air obair mòran de na buidhnean sin, agus a' mìneachadh na taic nas fharsainge airson diofar obair ealain Ghàidhlig.

Chan eil na h-àireamhan ann an Clàr 1 a' gabhail a-staigh nan ionadan ealain, le co-dhiù trì dhiubh le pàirt cudthromach ann an leasachadh phrògraman ealain Ghàidhlig agus a' toirt seirbheis do choimhearsnachdan Gàidhlig. Tha iad sin a' gabhail a-staigh, le ìrean prìomh thabhartas maoineachaidh Chomhairle Ealain na h-Alba san àm a tha làthair (2003/04):

An Lanntair (Leòdhas)	£133,000
An Tuireann (An t-Eilean Sgitheanach)	£90,000
Taigh Chearsabhagh (Uibhist a Tuath)	£38,000

Tha seilbh calpa iomlan sna trì goireasan sin de chòrr is £4.5 millean. Tha mòran seilbh calpa eile air a chur ann am buidhnean ealain aig nach eil prìomh mhaoineachadh. Fhuair Aros san Eilean Sgitheanach, mar eisimpleir, taic-airgid calpa agus tha iad ag adhartachadh taghadh farsaing de dh'obair ealain le cur a-steach làidir Gàidhlig.

Ach tha e soilleir gu bheil cothroman leantainneach ann airson fàs agus leasachadh. Chaidh prìomh chùis a shònraich PnE a mhìneachadh mar 'cruaidh-chàs dòchais', far a bheil ìomhaigh nan ealain Ghàidhlig air leantainn gu barrachd iarrtais bho chleasaichean Gàidhlig airson PnE a bhith a' toirt taic don obair agus do na beachdan aca.

### Clàr 1

#### Maoineachadh Comhairle Ealain na h-Alba air a ghealltainn do bhuidhnean ealain Ghàidhlig

Bliadhna	Prìomh mhaoineachadh £	Pròiseact £	Crannchur £	Iomlan £
1994/95	178,250	57,000	0	235,250
1995/96	178,250	127,500	0	305,750
1996/97	173,250	130,500	61,000	364,750
1997/98	296,750	46,000	113,500	456,250
1998/99	302,750	33,100	199,000	534,850
1999/00	311,050	51,700	135,800	498,550
2000/01	348,070	35,900	0	383,970
2001/02	447,067	73,000	4,800	524,867
2002/03	456,394	43,000	192,600	691,994


Tha Clàr 2 a' sealltainn maoineachadh taghte Comhairle Ealain na h-Alba air a ghealltainn do bhuidhnean ealain Gàidhlig.

**Clàr 2**

**Maoineachadh (teachd-a-steach) Comhairle Ealain na h-Alba air a thaghadh do bhuidhnean ealain Gàidhlig**

- Ceòlas
- Tosg
- Fèisean nan Gàidheal
- Pròiseact nan Ealan
- Fèis Rois
- Comhairle nan Leabhraichean
- An Comunn Gàidhealach

£ K




Tha Clàr 3 a' toirt dealbh den tasgadh iomlan anns na h-ealain Ghàidhlig bhon h-uile taobh (ach a-mhàin Companaidhean Iomairt Ionadail agus ùghdarrasan ionadail). Tha seo a' sealltainn buaidh leudachaidh na tha Comhairle Ealain na h-Alba a' tasgadh sna buidhnean sin.

### Clàr 3

#### Maoineachadh do bhuidhnean le prìomh mhaoinachadh bho Chomhairle Ealain na h-Alba

- Measgachadh
- Riaghaltas na h-Alba
- Iomairt Cholm Cille
- HI-Arts
- Comunn na Gàidhlig (buidheann leasachaidh Gàidhlig)
- Comataidh Craolaidh Gàidhlig
- Comhairle Ealain na h-Alba – Crannchur
- Comhairle Ealain na h-Alba – Taghte



Tha sùil gum bi buidseat leasachaidh aig Bòrd na Gàidhlig, agus bidh e na prìomh cheist ro-innleachdail ciamar a choileanar an luach iomlan as fheàrr ann an co-fhreagairt tasgadh sam bith tro Bhòrd na Gàidhlig ri maoinachadh gnàthach bho Chomhairle Ealain na h-Alba agus com-pàirtichean eile. Bha dragh tron cho-chomhairle gu robh feum air aonachadh agus com-pàrteachadh far an gabhadh sin dèanamh, ach faireachdainn làidir bho na buidhnean ealain Gàidhlig a tha a' faighinn prìomh mhaoineachadh bho Chomhairle Ealain na h-Alba gur e seo an t-slighe cheart airson taic ghnàthach don obair aca.

A' dol air ais chun a' bheachd airson 'staidhre cothruim', chomharraich a' cho-chomhairle beagan bheàrnan ann an roinnean sònraichte. B' e an fheadhainn air an deach beachdachadh:

- foillseachadh, le buntainneas thar iomadh obair-ealain;
- ann an ceòl am feum air àrd-ùrlair cluiche follaiseach agus air adhartachadh mothachail ach proifeiseanta air an obair;
- ann an dràma am feum air barrachd theatar òigridh/phrògraman theatar-ann-am-foghlam;
- am feum air barrachd chothroman comhairleachaidh do dh'òigridh le ùidh gach cuid mar chleasaichean agus oileanaich ùra sa chànan.

B' e maoinachadh Riaghaltas na h-Alba airson Gàidhlig ann an 2000/01 ann an tabhartasan cultarach £739,000 gu h-iomlan. Tha e cuideachd cudthromach a bhith a' comharrachadh àite craolaidh san t-suidheachadh seo agus an tomhas mòr de bhuidseatan nan craoladair a tha ri fhaotainn airson na Gàidhlig a tha ann an cleachdadh a' cur taic ri obair ealain Ghàidhlig. Ged nach eil com-pàirt dìreach aig Comhairle Ealain na h-Alba ann an saoghal craolaidh, tha sireadh cheanglaichean eadar an roinn ealain agus gnìomhachas craolaidh comasach air togail air prògram trèanaidh PnE Siol Gu Bàrr (le taic tro mhaoineachadh crannchuir Comhairle Ealain na h-Alba) mar mhodail leasachaidh.

## Aithris poileasaidh

Tha aithne aig Comhairle Ealain na h-Alba gu bheil cànan na chomharra deimhinnte air dearbh-aithne chultarach. Tha iad ag aithneachadh cho cudthromach 's a tha iomadachd cànan agus a' misneachadh a h-uile cànan eadar-dhealaichte an Alba – dualchasach agus co-aimsireil.

'S e a' Ghàidhlig an cultar dùthchasach as aosta a tha beò an Alba agus pàirt deimhinnte de dhearbh-aithne chultarach na h-Alba. 'S e cànan dùthchasach a tha ann cuideachd, a' ciallachadh nach eil e an urra ri dùthaich sam bith eile airson a chumail beò agus a leasachadh. Tha Comhairle Ealain na h-Alba a' creidsinn gu bheil 1,500 bliadhna de chànan agus cultar na Gàidhlig an Alba na cheangal ro-chudthromach ri cridhe dualchas na h-Eòrpa agus ri Roinn Eòrpa an latha an-diugh, far a bheilear a' gabhail ri ioma-chànanas mar an nì àbhaisteach agus cumail suas iomadachd chultarach agus cànanach mar phrìomh dhùbhlan chultarach airson na 21mh linn.

Tha Comhairle Ealain na h-Alba a' cur luach air cànan agus cultar na Gàidhlig mar bhuannachd chultarach nàiseanta a tha freumhaichte ann an coimhearsnachdan agus le iomchaidheachd agus comas eadar-nàiseanta. Tha aithne againn air an àite a tha againn fhìn gu nàiseanta an co-cheangal ri Gàidhlig agus a' creidsinn nach e a-mhàin gum feumar feumalachdan na Gàidhlig a chumail suas ach cuideachd gum feumar a leasachadh mar chànan gnìomhach agus cruthachail.

Tha Comhairle Ealain na h-Alba a' creidsinn gu bheil àite deatamach aig na h-ealain Ghàidhlig ann an leasachadh cànan agus cultar na Gàidhlig mar phàirt de na h-ealain ghnàthach agus iomadachd chultarach na h-Alba, agus le taobh eadar-nàiseanta cudthromach. Leanaidh sinn oirnn a' tasgadh sna h-ealain Ghàidhlig agus tha sinn a' cur romhainn taic dhìreach a chumail suas airson obair ealain Ghàidhlig. Bheir an taic seo prìomhachas do obair a tha co-aimsireil ann an cleachdadh, a' leasachadh agus a' lìbhrigeadh càileachd agus ag amas air an luchd-cleachdaidh as motha.

Bidh Comhairle Ealain na h-Alba a' tòiseachadh air com-pàirteachasan a bheir prìomh àite do na h-ealain ann an coinneachadh ri amasan na h-aithisg *Cothrom Ùr don Ghàidhlig* ann an suidheachadh nàiseanta. Cumaidh sinn a' conaltradh ri Bòrd na Gàidhlig, buidhnean ealain Gàidhlig, cleasaichean agus a' choimhearsnachd Ghàidhlig san fharsaingeachd. Mar luchd-tagraidh, bheir Comhairle Ealain na h-Alba air adhart ceist na Gàidhlig agus nan ealain Ghàidhlig le prìomh chom-pàirtichean a' gabhail a-staigh Chompanaidhean Iomairt Ionadail, ùghdarrasan ionadail, Riaghaltas na h-Alba agus a' choimhearsnachd ealain ghnàthach.

## Gnìomhan poileasaidh

### Bidh Comhairle Ealain na h-Alba:

1. A' dèanamh cinnteach gum bi àite iomchaidh aig a' Ghàidhlig tro gach obair, plana agus ro-innleachd a tha aca agus a' misneachadh luchd na Gàidhlig gu riochdachadh sa Chomhairle agus air comataidhean.
2. Ag iarraidh còmhraidh le Bòrd na Gàidhlig agus cùmhnant a dhèanamh a bhios a' mìneachadh comas agus gnè ar co-obrachaidh ro-innleachdail, ag aithneachadh àite ro-innleachdail PnE ann an leasachadh obrach san roinn gu ruige seo.
3. Ma bhios an t-airgead ann, cumail a' toirt taic don bhun-structar ealain Gàidhlig a tha ann tro prìomh mhaoineachadh.
4. A' dreachdadh moladh don Chomhairle airson maoin leasachadh ealain ùghdarraichte crannchuir air a chur fa chomhair phrìomh-amasan agus gnìomhan ro-innleachdail sònraichte. Bidh seo air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig agus bidh e a rèir maoineachaidh co-ionann bho phrìomh com-pàirtichean.
5. A' beachdachadh mu riatanasan na roinn foillseachaidh Gàidhlig, mar phàirt den sgrùdadh neo-eisimeileach *Review of Scottish Publishing in the 21st Century* le Pricewaterhouse Coopers agus Oilthigh Napier a tha air a shùileachadh rè 2003.
6. A' dèanamh cinnteach gum bi tionnsgnaidhean ealain nàiseanta a tha ann agus ri teachd, leithid Writers Factory, Playwrights Studio agus Theatar Nàiseanta na h-Alba, a' gabhail a-staigh a' chomais airson leudachadh ealain agus luchd-cleachdaidh air a thabhann tro chom-pàirteachadh nan ealain Gàidhlig.
7. A' moladh do GASD agus Bòrd na Gàidhlig gum bu chòir do Chomhairle Ealain na h-Alba rannsachadh a dhèanamh air cothroman airson leudachadh luchd-cleachdaidh agus leasachadh malairt nas fharsainge tro mhargaidheachd èifeachdach air obair ealain Gàidhlig aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta.
8. A' cur air dòigh coinneamh trì-phàirteach le na Comhairlean Ealain an Èirinn a Tuath agus am Poblachd na h-Èireann mar phàirt de dh'obair eadar-nàiseanta Comhairle Ealain na h-Alba, a' sireadh chothroman airson taic a chur ri amasan a' Phoileasaidh Ealain Gàidhlig.
9. A' moladh gum bi an ath chuairt den phrògram Cultural Co-ordinators a' cur cudthrom air cothroman ealain Gàidhlig agus a' misneachadh thagraichean le Gàidhlig.
10. A' toirt cunntas air tuilleadh obrach a bhios air fhoillseachadh ann am plana-gnìomh nas mionaidiche le targaidean air an suidheachadh fa chomhair roinnean sònraichte de dh'obair na Comhairle. Bidh seo a' gabhail a-staigh roinnean leithid inntrigeadh luchd-obrach agus comataidh, àrdachadh-mothachaidh le luchd-obrach, comataidhean agus buidhnean le prìomh mhaoineachadh, agus modhan fastaidh. Bidh na gnìomhan sin cuideachd rim faicinn ann an ro-innleachdan obair ealain agus ann an sgrùdadh thabhartas-airgid agus bidh sgrùdadh agus ath-bhreithneachadh cunbhalach air a dhèanamh orra.

## Iomraidhean

MacLeòid, Dr Fionnlagh, *Gaelic Arts: A Way Ahead*  
(Aithisg do Chomhairle Ealain na h-Alba, Iuchar 1986), t.d. 38

Matarasso, François, *Northern Lights: The Social Impact of Arts Programmes*  
(Pàipear-obrach 6 The Social Impact of the Fèisean, Comedia 1996), t.d. 2

Moireach, Iain, Ealain 21, *Conference Proceedings, The future of the Gaelic Arts*  
(do Phròiseact nan Ealan, Dàmhair 1998)

Sproull, Dr Ailean, Chalmers, Douglas, *The Demand for Gaelic Artistic and Cultural Products and Services: Patterns and Impacts*  
(Oilthigh Glasgow Caledonian, Màrt 1998), t.d. ii-v

*The Role of the Arts in Regeneration*  
(Àrd Aonad Rannsachaidh an Riaghaltais, 2000) (sgrùdadh cùise aig Ceòlas)

*Ag Ath-bheothachadh na Gàidhlig, Neamhnuid Nàiseanta*  
(Aithisg le Buidheann-gnìomha Maoineachadh Poblach na Gàidhlig,  
Riaghaltas na h-Alba, Sultain 2000)

*Cothrom Ùr don Ghàidhlig*  
(Aithisg le Buidheann Comhairleachaidh na Gàidhlig, Cèitean 2002), t.d. 31

*Gaelic Music Research (1: Intellectual Property, 2: Musicians Survey)*  
(Iomairt Chultarach na h-Alba airson Pròiseact nan Ealan 2002)



## Beag-fhaclair

<b>BAFTA</b>	British Academy of Film and Television Arts
<b>GASD</b>	Leasachadh Ro-innleachdail nan Ealain Gàidhlig
<b>HAIL</b>	Bileagan-clàir na Gàidhealtachd is nan Eilean
<b>HIDB</b>	Bòrd Leasachaidh na Gàidhealtachd is nan Eilean
<b>HIE</b>	Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean
<b>MIDAS</b>	Leasachadh agus Taic do Ghnìomhachas a' Chiùil
<b>PnE</b>	Pròiseact nan Ealan
<b>RSAMD</b>	Acadamaidh Rìoghail na h-Alba airson Ceòl agus Dràma
<b>SCE</b>	Iomairt Chultarach na h-Alba

## Pàipear-taice 1

### Buidheann Co-chomhairleachaidh a' Phoileasaidh Ealain Gàidhlig

Douglas Ansdell (Riaghaltas na h-Alba)  
Ailean Caimbeul (Comunn na Gàidhlig)  
Artair Carraig (Fèisean nan Gàidheal, Bòrd na Gàidhlig)  
Bill English (Ball de Chomhairle Ealain na h-Alba, Cathraiche Comataidh Leasachaidh Ro-innleachdail)  
Donnchadh MacFhearghais (Àrdsgoil a' Phluic, Bòrd na Gàidhlig)  
Dr Anna Latharna NicIlliosa (Cleasaiche)  
Rita Nic an t-Sealgair (Fèis Rois)  
Iain Dòmhnallach (Comhairle nan Leabhraichean)  
Fiona NicCoinnich (Cleasaiche)  
Sìm MacCoinnich (Tosg)  
Donalda NicFhionghuin (BBC Alba)  
Calum MacGill-Eain (Pròiseact nan Ealan)  
Dòmhnall Angaidh MacIllinnein (Iomairt Cholm Cille)  
Donnchadh MacLeòid (An Comunn Gàidhealach)  
Dr Anna NicMhathain (Ball de Chomhairle Ealain na h-Alba, Cathraiche Comataidh an Litreachais)  
An t-Ollamh Dòmhnall Meek (Oilthigh Dhùn Èideann)  
Iain Scott Moncrieff (Ball de Chomhairle Ealain na h-Alba, Cathraiche Comataidh na Dràma)  
Murchadh Moireasdan (Am Mòd Nàiseanta Rìoghail)  
Donaidh Rothach (Sabhal Mòr Ostaig)  
Anna Mhoireach (Cleasaiche)  
Agnes Rennie (Bòrd na Gàidhlig)

Amanda Catto (Comhairle Ealain na h-Alba, Ceannard Ealain Lèirsinneach)  
Carolyn Paterson (Comhairle Ealain na h-Alba, Oifigear Ciùil)  
Daibhidh Mac an Tàilleir (Comhairle Ealain na h-Alba, Ceannard Dràma)  
Jim Tough (Comhairle Ealain na h-Alba, Ceannard Leasachadh Ro-innleachdail)  
Gavin Wallace (Comhairle Ealain na h-Alba, Ceannard Litreachais)

## Pàipear-taice 2

### **Buidhnean ealain agus obrach Gàidhlig le taic bho Chomhairle Ealain na h-Alba**

**An Comunn Gàidhealach –  
Am Mòd Nàiseanta Rìoghail**  
109 Sràid na h-Eaglaise  
Inbhir Nis IV1 1EY  
Fòn: 01463 709705  
Post-dealain: info@the-mod.co.uk  
Làrach-lìn: www.the-mod.co.uk

Chuir an taic a thug Comhairle Ealain na h-Alba don Chomunn Ghàidhealach cudthrom air prògraman ‘iomail’. Tha dragh air a bhith ann gu bheil an dìth taic an co-cheangal ri gnè fharpaiseach an tachartais ciùil seo.

#### **Làraichean ealain**

B’ àbhaist an cudthrom sa chuid as motha de na goireasan sin (An Tuireann san Eilean Sgitheanach, An Lanntair an Leòdhas, agus Taigh Chearsabhaigh an Uibhist a Tuath gu sònraichte) a bhith air na h-ealain lèirsinneach ach tha iad air gluasad nas motha a dh’ionnsaigh prògram nas fharsainge de leasachadh ealain. Ged nach eil iad a’ cur cudthrom air na h-ealain Ghàidhlig annta fhèin, tha iad a’ toirt taic agus brosnachadh cudthromach ann an coimhearsnachdan le mòran luchd-labhairt Gàidhlig.

#### **Roinn na Gàidhlig BBC Alba**

BBC Alba  
Broadcasting House  
Slighe na Bànrigh Mairead  
Glaschu G12 8DG  
Fòn: 0141 339 8844  
Làrach-lìn: www.bbc.co.uk/scotland/alba

’S e amas na roinne a bhith a’ toirt seirbheis do luchd-cleachdaidh le Gàidhlig agus le ùidh sa Ghàidhlig anns a bheil an taghadh as fharsainge a ghabhas de prògraman agus susbaint cho ealanta agus cho iomchaidh ’s a ghabhas gus coinneachadh rim feuman agus mòr-mhiannan mar luchd-àiteachaidh saoghail sìor atharrachail.

Tha a’ Ghàidhlig agus an cultar na lùib aig cridhe a seirbheisean air telebhisean, air rèidio agus air-loidhne; tha taic don chànan fillte a-staigh anns gach nì a tha i a’ dèanamh.

#### **Bòrd na Gàidhlig (Alba) Am Buidheann Leasachaidh Gàidhlig**

Ness Horizons  
Kintail House  
Beechwood Park  
Inbhir Nis IV2 3BW  
Fòn: 01463 732570  
Facs: 01463 732582  
Post-dealain: oifis@bord-na-gaidhlig.org.uk  
Làrach-lìn: www.bord-na-gaidhlig.org.uk

’S e buidheann phoblach a tha an seo fastaichte le agus cunntachail do Mhinistearan na h-Alba. Tha uallach aice airson stiùireadh agus riaghladh Plana Nàiseanta na Gàidhlig uile-gu-lèir. ’S e a dleastanas a bhith a’ dèanamh cinnteach gum bi cànan agus cultar na Gàidhlig an Alba seasmhach san àm ri teachd.

#### **Ceòlas – sgoil shamhraidh ciùil agus danns Gàidhlig an Uibhist a Deas**

Dalabrog  
Uibhist a Deas  
Na h-Eileanan Siar HS8 5SS  
Fòn: 01878 700 154  
Post-dealain: info@ceolas.co.uk  
Làrach-lìn: www.ceolas.co.uk

Tha an sgoil shamhraidh, a chaidh a thòiseachadh le PnE, a-nis na h-iomairt coimhearsnachd neo-eisimeileach. Bidh luchd-teagaisg à Alba agus Ceap Breatann an Canada a’ toirt seachad deagh oideachas inbheach a tha a’ rannsachadh nan ceanglaichean eadar ceòl, òrain agus danns Gàidhlig.

### **Comataidh Craolaidh Gàidhlig**

4 Harbour View

Steòrnabhagh

Eilean Leòdhais HS1 2DF

Fòn: 01851 705550

Post-dealain: admin@ccg.org.uk

Làrach-lìn: www.ccg.org.uk

A' co-obrachadh le craoladairean agus riochdairean, tha a' chomataidh a' strì ri dèanamh cinnteach gu bheil deagh phrògraman telebhisein Gàidhlig rim faotainn le luchd-amhairc air feadh Alba aig uairean-amhairc iomchaidh, agus gun tig leasachadh air farsaingeachd agus càileachd nam prògraman clàistinneach Gàidhlig.

### **Comhairle nan Leabhraichean**

22 Sràid Mansfield

Glaschu G11 5QP

Fòn: 0141 337 6211

Post-dealain: fios@gaelicbooks.net

Làrach-lìn: www.gaelicbooks.net

Tha Comhairle nan Leabhraichean air a bhith a' toirt taic agus brosnachadh do fhoillseachadh Gàidhlig bhon chaidh a stèidheachadh ann an 1968, agus airson timcheall air 20 bliadhna 's e Comhairle Ealain na h-Alba a' phrìomh bhuidheann maoineachaidh aca. Ann an 1996 thàinig i gu bhith na buidheann neo-eisimeileach, leis a' bhùth leabhraichean aice fhèin den h-uile tìotal a tha ann an clò an Gàidhlig agus co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Chomharraich sgrùdadh air a bharantachadh leatha gu robh cothroman mòra ann airson leudachadh luchd-leughaidh, agus le maoineachadh crannchuir Chomhairle Ealain na h-Alba shuidhich i club leabhraichean a tha air soirbheachadh gu mòr, le còrr is 1,400 duine fa leth agus 60 sgoil nam ball aig an àm a tha làthair. Tha Comhairle nan Leabhraichean cuideachd a' toirt tabhartas-airgid airson thiotalan fa leth, a' barantachadh leabhraichean bho ùghdaran, a' tabhann seirbheis deasachaidh agus tha catalog ri

fhaotainn ann an lethbhreac cruaidh agus air-loidhne aig [www.gaelicbooks.net](http://www.gaelicbooks.net)

### **Fèisean nan Gàidheal**

Meall House

Port Rìgh

An t-Eilean Sgitheanach IV51 9BZ

Fòn: 01478 613355

Post-dealain: info@feisean.org

Làrach-lìn: www.feisean.org

'S e Fèisean nan Gàidheal a' bhuidheann nàiseanta airson fèisean a tha stèidhichte sa choimhearsnachd. Air an tòiseachadh am Barraigh ann an 1981, bha na fèisean dealbhte airson cothroman a thoirt do dh'òigridh barrachd ionnsachadh mu dhualchasan ealain an coimhearsnachdan. Bho thòiseachadh beag tha na fèisean air sgaoileadh gu luath, agus a-nis tha iad air am faotainn air feadh na Gàidhealtachd agus nas fhaide air falbh le còrr is 4,000 òigridh a' com-pàirteachadh annta gach bliadhna. Tha Fèisean nan Gàidheal a' toirt cothroman maoineachaidh agus trèanaidh do gach fèis fèin-thaiceil agus fèin-riaghlach.

### **Fèis Rois**

Library Building

Sràid Tulloch

Inbhir Pheotharain IV15 9JZ

Fòn: 01349 862600

Làrach-lìn: [www.feisean.org/rois](http://www.feisean.org/rois)

Chaidh Fèis Rois a stèidheachadh ann an 1986 agus cultar na Gàidhealtachd adhartachadh agus a leasachadh gu sònraichte do dh'òigridh ann an Ros agus Crombaigh. Tha i ceangailte ri Fèisean nan Gàidheal agus 's i an aon fhèis aig an robh neach-rianachd làn-ùine. Tha i air a h-aithneachadh mar aon de na fèisean as soirbheachaile agus ro-innleachdaile, mar a chaidh a dhearbhadh leis an oideachas a tha air a thabhann ann am prògram fad na bliadhna airson diofar aoisean. Tha seo a' gabhail a-staigh trì fèisean oideachaidh do inbhich, sgoilearan sa

bhunsgoil agus san àrdsgoil; àrd-chlasaichean mìosail agus seachdaineach ann am fidheall, clàrsach, bogsa-ciùil, feadag, òrain Ghàidhlig, agus giotàr. B' e Fèis Rois cuideachd a thòisich an Ceilidh Trail ann an Ros agus Crombaidh. Tha seo a' toirt luchd-ciùil òga traidiseanta air chuairt airson ceithir seachdaineach air stèidh bhliadhnail.

### **Litreachas Gàidhlig**

Tro thabhartasan do sgrìobhadairean fa leth, sgeulaichean agus buidhnean leithid Comhairle nan Leabhraichean, tha Comhairle Ealain na h-Alba a' cur seilbh ann an sgrìobhadh agus foillseachadh Gàidhlig. Tha seo dèanta tro mhaoineachadh bhursaraidhean do sgrìobhadairean, Caidreachasan Sgrìobhaidh agus Duaisean Leabhraichean. Tha sgrìobhadairean Gàidhlig cuideachd a' faighinn taic bho mhòran de na buidhnean litreachais le prìomh thaic ionmhais bho Chomhairle Ealain na h-Alba, a' gabhail a-staigh Urras Leabhraichean na h-Alba, Leabharlann Bàrdachd na h-Alba, Ionad Sgeulaichean na h-Alba, agus Ionad Sgrìobhadh Cruthachail Moniack Mhòr.

### **Ceòl Gàidhlig**

Tha Comhairle Ealain na h-Alba ag aithneachadh brìgh shònraichte ceòl agus òrain Ghàidhlig ann an dualchas cultarach na h-Alba agus an roinn chultarach cho-aimsireil. Tha obair a tha a' faighinn taic aig an àm seo a' gabhail a-staigh:

Fhuair Macmeanmna, an companaidh clàraidh ceòl Gàidhlig, co-mhaoineachadh bho Chomhairle Ealain na h-Alba agus Iomairt na h-Alba airson leasachadh margaidheachd. Tha taic cuideachd airson chompanaidhean clàraidh air Ghàidhealtachd tro HAIL agus do luchd-ciùil tro MIDAS. Tha tabhartasan air an toirt do luchd-ciùil fa leth agus buidhnean mar bhursaraidhean airson clàradh agus siubhal.

Ann an 2002 chaidh Scottish Women air an rathad, a' toirt còmhla còignear mhnathan

Gàidhealach agus còignear Albannach sa chiad chuirm Celtic Connections a chaidh air chuairt.

Tha am Màiri Mhòr Gaelic Song Fellowship, a tha a' maoinachadh neach-leasachaidh òrain Ghàidhlig, a' faighinn taic bho Chomhairle Ealain na h-Alba còmhla ri Comhairle na Gàidhealtachd agus Fèisean nan Gàidheal. Tha an Caidreachas dealbhte airson òrain Ghàidhlig adhartachadh le misneachadh sgrìobhadh òran ùra, a' toirt comas airson clàradh ùr agus goireas dhaibhsan a tha a' lorg òran ùra.

### **Iomairt Cholm Cille**

c/o Sabhal Mòr Ostaig  
An Teanga  
Slèite  
An t-Eilean Sgitheanach IV44 8RQ  
Fòn: 01471 888590

Tha Iomairt Cholm Cille ag amas air ceanglaichean cultarach agus cànanach nas dlùithe a chumail suas eadar coimhearsnachdan Gàidhlig Alba agus Èirinn.

### **Lasair**

'S e sgoil shamhraidh theatar òigridh Alba/Èirinn a tha ann an Lasair, far am faigh cluicheadairean òga le Gàidhlig air an sgilean a leasachadh. Tha Lasair fo stiùireadh Tosg ann an co-bhoinn ris a' bhuidhinn theatar Gaeilge Sin Teo.

### **Pròiseact nan Ealan**

10 Iomairt Sligeach  
Steòrnabhagh  
Eilean Leòdhais HS2 3EQ  
Fòn: 01851 704493  
Post-dealain: pne@gaelicarts.com  
Làrach-lìn: www.gaelicarts.com

Chaidh PnE a thòiseachadh le Comhairle Ealain na h-Alba ann an 1987 mar phròiseact rannsachaidh agus 's e a' prìomh bhuidheann ann an leasachadh ealain Gàidhlig bho thoiseach nan 1990an. Chan e idir buidheann

maoineachaidh a tha ann ach bidh am Pròiseact a' faighinn airgead bho dhiofar bhuidhnean eile mar Comhairle Ealain na h-Alba, airson sgrùdadh, tòiseachadh agus pìolat a dhèanamh air pròiseactan ùra a chuireas aghaidh air ealain, feumalachdan agus cothroman sa Ghàidhlig. Tha cuid de na h-iomairtean a chuir PnE air adhart, mar Fèisean nan Gaidheal, Tosg, Ceòlas agus Lasair, air fàs gu bhith an-diugh ag obair gu neo-eisimeileach air an ceann fhèin. Tha PnE ag obair air feadh Alba agus gu h-eadar-nàiseanta le cleasaichean, buidhnean ealain agus a' choimhearsnachd. Bidh iad a' cruthachadh chothroman trèanaidh anns na h-ealain agus na meadhanan, deagh thachartasan agus prògraman ealain, agus ag obrachadh gus bun-structar cultarach na Gàidhlig a leasachadh.

#### **Colaiste Gàidhlig Sabhal Mòr Ostaig**

An Teanga

Slèite

An t-Eilean Sgitheanach IV44 8RQ

Fòn: 01478 612177

Làrach-lìn: [www.smo.uhi.ac.uk](http://www.smo.uhi.ac.uk)

Fhuair a' cholaiste taic tro Choimisean na Mìle Bliadhna. Tha iad a' ruith chùrsaichean mu chànan agus cultar na Gàidhlig, tha ionad cluiche aca a tha air a chleachdadh le taghadh farsaing de luchd-adhartachaidh còmhla ris a' cholaiste fhèin airson tachartasan ealain a chur air an àrd-ùrlar. Tha ionad taisbeanaidh aca cuideachd agus tasglann cudthromach, agus tha molaidhean gan cur an gnìomh airson leasachaidhean ùra a' gabhail a-staigh stiùidio chleasaichean, goireasan clàradh fuaim agus pròiseact ealain àrainneachd mòr. Thug Comhairle Ealain na h-Alba seachad maoinachadh airson sgrìobhadair-còmhnaidh agus ceòl-còmhnaidh gus sgilean sònraichte a theagasg co-cheangailte ri cultar na Gàidhlig do chlasaichean beaga de dh'oileanaich.

#### **Tosg – Companaidh Theatar Gàidhlig**

f/c Sabhal Mòr Ostaig

An Teanga

Slèite

An t-Eilean Sgitheanach IV44 8RQ

Fòn: 01471 888542

Post-dealain: [tosg@tosg.org](mailto:tosg@tosg.org)

Làrach-lìn: [www.smo.uhi.ac.uk/tosg](http://www.smo.uhi.ac.uk/tosg)

'S e dleastanas Tosg a bhith a' leasachadh theatar Gàidhlig a' cluich air Ghàidhealtachd agus pàirtean eile de dh'Alba far a bheil luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh Gàidhlig. A' co-obrachadh leis a' bhuidhinn theatar Gaeilge Sin Teo, tha Tosg a' ruith sgoil shamhraidh far am faigh cluicheadairean òga le Gàidhlig air an sgilean a leasachadh.